

ÙRNAIGH AIRSON NA H-EAGLAISE

Bhon Fhìor Urramach Siùsaidh NicilleDhuinn, Am Modaràtair

Thusa a threòraich do shluagh tron fhàsach
Gu tìr a' gheallaidh,
A ghiùlain na creidmhich tro àmhghar
Dhihaoine na Ceusta
Gu subhachas Latha na Càisge:
Cluinn ar n-ùrnaighean airson do shluagh an-diugh,
San tìr seo
Agus aig an àm seo...

Nuair a tha sinn fo iomagain mu na tha romhainn,
Nuair a tha sinn fo mhòr chùram mu mheud na h-obrach
a bhith stiùireadh dhaoine gu do ghràdh
agus do thròcair:
Cuir nar cuimhne gur Dia beò thu,
a tha fhathast ag obair,
fhathast a' dealbh agus a' gealltainn...

Nuair a thèid ar cinn sìos
agus a chromas ar guailnean:
Tog ar sùilean
Gus an coimhead iad nad shùilean fhèin
Is gum faic iad an sin gràdh
Nach leig
a-chaidh
às sinn.

AMEN